

55-132(38).

EA  
MACBAIN (Francis)

Leth-Cheud Ceist ....

.....

..... DUNEIDIN 1828







# LETH-CHEUD CEIST,

MU PRIMOMH THEAGASGAIBH AGUS DHLEASDATASGAIBH

## AN T-SOISGEIL,

LE FREAGRAIBH O NA SGRIOTTAIREAN;

AIR SON

## SGOILEAN SABAID NA GAELENTEACHID:

AIR SON EADAR-THEANGACHADH O'N BHUAILA

LE.

F. M.B.

---

"Mo Ghairtineag, na nithe so agriobham d'ar n-containsa, chum  
nach peacach sibh." —I Eola II. 1.

---

## DUNEIDIN:

Clo-bhualta le Donnachadh Stevenson,  
AIR SON WAUGH AGUS INNES;

AIR DUHRIS LE R. DOULAS 'AN INNERNIS, LE A. WATSON  
'AN ABHREADHAIN, LE SEUMAS ADAM 'AN DUINDEAGR,  
LE M. OGLE AN GLASCHO, LE D. WEIR AGUS  
LE R. B. LUSK 'AN GREANAIG.

---

1828.

A 115 F E C  
JULY 1972  
LUND ONE

## DO'N FHEAR-THEAGAISG,

ANN an teagasg an leabhair so, tha trì dòigh-ean gu bhi air an cleachdadh, a bha cheana, air an cur gu dearbhadh, agus a fhuaradh ro fheumail. A thaobh a' cheud dòigh; tha e air iarruidh air a' chloinn, na ceistean, agus am freagraidhean, fhaighinn air an cuimhne *gu h-eag-naidh*. A thaobh na dara dòigh; tha a' chlann, ri na cinn-theagaisg a th'air iochdar na duileig fhaighinn air an cuimhne, agus sin, mar fhreagraidhean do cheistean eile, a chuireas am Fear-teagaisg orra. Mar so, an déigh do'n sgoileir, an seachdamh ceiste thar an da-fhichead a fhreagairt, a thaobh na h-àithne thug an Tighearna mu leubhadh nan Sgriobtairean; feudaidh am Fear-teagaisg fheòrach:—Am bheil dream sam bith anns an Tiomnad Nuadh, air am moladh, air son leubhadh nan Sgriobtairean? Their an sgoileir:—Thà; Muinntir Bhorea Gniomh. xviii. 11. Bha iad sin ni b'uaise na muinntir, &c. Feudaidh e rìs fheòrach:—Am bheil neach sam bith air a mholadh, air son 'eòlais air na Sgriobtairean? Thà; Timothy, 2 Tim. iii. 15 gus 17. Agus o bha thu a'd' leanabh, &c. Mur sin sios, a thaobh na-h-uile ceist th'anns an leabhar. A thaobh an treas dòigh; Ionnaichidh a' chloinn earrannan eile de na Sgriobtairean, nach'eil anns an leabhar so; ach a raon-saicheas iad féin a mach, air feagh a' Bhòibhùill, freagrach do na ceistean. An déigh dhoibh, a réir na riaghailte so, a dhol gu tric troimh an feabhar, bithidh tomhas eòlais nach bi beag mu fhirunnibh an Fhocaill.

## DO'N CHLOINN,

A chlann ghràidh na Gàélteachd, chuir mi an leabharan so ann 'ur cainnt féin, a' chum e bhi 'na mheadhon, gu sibhse threòrachadh, ann an tomhas, gu eòlas air Focal naomh an Dé bhed, a ta comasach, air 'ur dcanamh glic a chum slàinnité. Tha mi guidheadh oirbh, uime sin, gu'n ionnsaich sibh na ceistean so, le dìchioll agus le cùram. Bithibh tric a' smaoineachadh orra. Gabhaibh comhairle leabhair Dhé, agus ni Dia ur beannachadh. A chum misneachd, agus rabhadh, a thoirt dhuibh; innisidh mi dhuibh, an dà naidheachd bheag so a leanas, agus a thàchair le m'fhiösachadh féin. Blia caileag òg ann am baile àraighe, o chionn għairid, le 'm bu toil a bhi a' leubhadh a' Bhìobuill, agus leabhraichean math eile, agus ag urning, agus a' seachnad gach nì a b'fhiös di a bhi olc. Thainig tinneas trom oirc; agus 'nuair a bha i air leabaidh a tinnis, dh'iaradh i air a h-athair, agus air a màthair, agus air a' chloinn eile, a' chuid so, agus a' chuid ud eile dhe'n Bhìobuill a leubhadh dhi, agus bhitheadh i féin ag urning air an leabaidh. Ars ise, aon latha ra màthair:—A mhàthair ghràidh, tha mise air bheul 'ur fàgail, agus a dhol air falbh. Am bheil fhiös agad a ghràidh mo chridhe, ars a màthair, c'ait am bheil thu a' dol? Tha mi, ars ise, a' dol do dh'ionad ni's ro ghilormhoire na's urrainn dhomh innseadh dhuibh. O, ars ise "deanaibh aithreachas, agus creidibh an soisgeul." Beagan an déigh sin, dh'eug i. Nach du mhaith leat, air do leabaidh bhàis, a bhi ann an cor na caileige so. Gabh comhairle a' Bhìobuill ma ta.

Ach a nis an naidheachd eile. Bha mar an ceudna, ann am bail' eile, air a' bhliadhna so chaidh, gille òg, da'm bu chleachdadadh a bhi bristeadh na Sàbaid, a bhi mionnachadh, agus ri breugan; cha bhiodh e leubhadh a' Bhìobuill, no a taghal àite sam bith anns am biodh an leabhar sin air a leubhadh, no far am biodh ùrnuigh air a cleachdadadh; ni mo am biodh e fèin ri ùrnuigh. Bha e air a thoirt thairis do mhòran droch-bheairt, agus gun suim sam bith mu chomhaирle Dhé, no mu 'aitheanta, no mu 'anam fèin, no ni sam bith a bhuiheadh do'n t'siopruidheachd. Thainig tinneas obainn air, agus bha e air a phianadh gu ro mhòr. Thuig e gu'm b'e 'm bàs a bha nis air tighinn. Lion 'anam le uamhas roimh 'n bhàs; chuir an grath a bha 'na 'anam, obair chruaidh air a chorpa; agus bheireadh obair a chuirp air an leabaidh anns an robh e crith, mar gu'm biodh i ullamh gu h-isteadh. Lean uamhas a' bhàis, agus na siorruidheachd, agus corruiich Dhé, ni bu mho, agus ni bu mho, air tighinn a stigh air 'anam, air chor 's ma dheireadh, nach e mhàin, gu'n robh an obair a bha air a chorpa a' toirt crith air a leabaidh; ach mar an ceudna, air an urlar lobhta bha 'san tigh; agus 'se neart dhaoine a chumadh anns an leabaidh e. Thainig e gu bhi 'na uamhas, agus 'na ghrath do na h-uile a chitheadh e; agus anns an staid so, phàsach e. Am bu toil leat a bhi ann an cor a' ghille so? Gabh ma ta comhairle a' Bhìobuill.

A chlann ghràidh, tha sibh a' faicinn ann an so, mar a chriochnaich leanabh air an robh eagal Dhé; agus gille òg, air nach robh 'eagal

idir. Tha'm bàs roibh-se mar an ceudna ; uime sin, 's e ur gliocas tòiseachadh ann an làithibh 'ur n' òige, ri ullachadh air son atharrachaiddh cho mhòir. Tha'm Biòbull ag innseadh dhuibh, gu bheil sibh fuidh mhallachd lagha Dhé : tha e a' seòladh dhuibh mar a gheibh sibh saor o'n mhallachd sin ; trìd creidimh ann, agus aonaidh ri Criosd am Fear-saoraidh ; agus an creideamh so, is ann aig Dia-féin a tà e r'a bhualeachadh. Uime sin, togaibh ur n'anamaibh ri Dia ann an ùrnuigh, trìd Iosa, air son a' chreidimh so ; a chum is gu'm bi sibh air ur n' aonadh ri Criosd, agus mar sin, air ur saoradh o'n mhallachd so. Tha'm Biòbull ag innseadbh, gu bheil sibh truaillidh ann ur nàdar, agus nach "d'théid aon ni neoghan no truaillidh, a steach do rioghachd Dhé." Tha'm Biòbull a' seòladh, mar a gheibh sibh saor o'n truaillidh-eachid so ; agus sin, trìd oibreachaidh an Spioraid Naoimh, annaibh ; a' ginntinn nàdair nuaidh annaibh, agus 'g ar deanamh iomchuidh air son Nèimh. Iarraibh uime sin, air Dia, trìd Iosa, ann an ùrnuigh, an Spiorad Naomh ; a chum so a deanamh annaibh. A chum misneach a thoirt dhuibh, deir an Tighearna : "Fuilgibh do chloinn bhig teachda m'ionnsuidh, agus na bacaibh iad."

Gu'n deanadh Dia ur beannachadh a chlann ghraidh, agus gu'n deanadh e eòlach sibh air a mhac Iosa Criosd fior charaid na cloinne. Is e se mo dhùrachd dhuibh.

FRAING M'BHEATHAIN.

Duneidin a' cheud latha de'n Mhàrt 1828.

## LETH-CHEUD CEIST.

---

1. Ceist. *Ciod e staid nàdarra cridhe an duine?*

Freagradh. Tha an cridhe cealgach thar na h-uile nithe, agus *tha e* do-leigheas; cò's urradh a thuigsinn. Ier. xvii. 9.<sup>a</sup>

2. C. *Nach e so mata, cor do chridhe-sa, agus cor cridhe nan uile o'n naoidheanachd?*

F. Feuch, ann an euceart dhealbhadh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi 'n a btoinn. Salm li. 5. Oir *ata* smuainte cridhe an duine olc o 'òige. Gen. viii. 21.<sup>b</sup>

3. C. *An do chruthaich Dia an duine air tuis, anns an staid thruaillidh so?*

F. Rina Dia an duine dìreach; ach dh'íarr iad féin iomadh innleachd a mach, Ecl. vii. 29.<sup>c</sup>

4. C. *Ciod na meadhonan, leis an robh truaillidh choitchionn so nàdair an duine air a stòrt gu teach?*

F. Agus chunnaic a' bheangu'n robh a' chraobh math a chum bidh, agus ghabhi d'a meas agus dli'ith i, agus thug i mar an ceudna d'a fear

<sup>a</sup> Gen. vi. 5. Mat. xv. 19. <sup>b</sup> Job. xvi. 14.

<sup>c</sup> Gen. i. 26 a cheud earrann, agus 27.

maille ria, agus dh'ith e. Gen. iii. 6. Tríd eas-umhlachd Adhaimh rinneadh mòran 'n am peacaichibh. Rom. v. 19.<sup>a</sup>

5. C. *Ciod e peacadh?*

F. Is e am peacadh bristeadhan lagha. -1 Eoin. iii. 4.<sup>b</sup>

6. C. *Ciod i a' bhinn, a chuir Dia an ecill 'an aghaidh peacaidh?*

F. Is malluichte, gach neach nach buanaich, anns na h-uile nithibh a ta sgriobhta, ann an leabhar an lagha chum an deanamh. Gal. iii. 10.<sup>c</sup>

7. C. *Ciod anns am bheil a' mhallachd so a' co-sheasamh?*

F. Ann am bàs: Oir's e tuarasdal a pheacaidh am bàs. Rom. vi. 23.<sup>d</sup>

8. C. *Agus ciod a tha bàs a' gabhail a stigh?*

F. Ann a' cheud àite, Bàs a chuirp; oir ann an Ádhaimh, a ta na h-uile a' faghail a' bhàis. 1 Cor. xv. 22. Tha'n corp marbh gu deimhin a thaobh peacaidh. Rom. viii. 10.

Anns an dara h-àite, Bàs spioradail; oir an inntinn fheòlmhor is bàs i. Rom. viii. 6.<sup>e</sup>

Anns an treas àite, Bàs siorruidh. Aig an dream sin a ta mi-chreidmheach bithidih an cuibhrionn, anns an loch a tā dearg-lasadhl le teine agus pronnusg; ni a's e 'n dara bàs. Taisb. xxi. 8.<sup>f</sup>

9. C. *Nach 'eil na h-uile dhaoine, a thaobh peacaidh Adhaimh, mar a shliochd-san, buailteach do 'n mhallachd so?*

<sup>a</sup> Rom. v. 12, a cheud earrann. <sup>b</sup> 1 Eoin. v. 17.

<sup>c</sup> Deut. xxvii. 26. <sup>d</sup> Esec. xviii. 4.

<sup>e</sup> Col. ii. 13, a cheud earrann. Taisb. xx. 14, 15.

F. Trìdaon chionnta, *thainig breitheanas air na h-uile dhaoinibh chum dìtidh.* Rom. v. 18. Agus tha'n t-Abstol ag ràdh uime féin, agus mu na h-Ephìseanaich, “Bha sinn a thaobh nàduir ’nar cloinn na feirge, eadhon mar chàch.” Ephes. ii. 3.<sup>a</sup>

10. C. *Nach do thoill na h-uile dhaoine a' mhallaichd so, mar an ceudニア, le an cleachdad?*

F. Pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd geàrr air glòir Dhé. Rom. iii. 23.<sup>b</sup>

11. C. *Nach 'eil sinn neo-chomasach, air nì sam bia dheanamh, a chuma' mhallaichd soa chumail dhinn; no a chum sinn féin fhìreanachadh 'an làthair Dhé?*

F. Gu deimhin tha fhios agam gu 'bheil e mar sin; oir cionnas a shaoras duin' e féin aig Dia? Iob. ix. 2. Oir o oibrigh an lagha, cha bhì feòil sam bi air a fìreanachadh. Gal. ii. 16.<sup>c</sup>

12. C. *An d'fhàg Dia sinn ma ta, gu'sam peanas shulang a thoill sinn air son ar peacaidh, gun mheadhon tiorcaidh sam bi ullachadh?*

F. Cha d'fhàg; oir cha do chuir Dia a Mhad do'n t-saoghal, a chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trìd-sah. Eoin. iii. 17.<sup>d</sup>

13. C. *Ciod a ghluaís Dia, a chum an rùnachadh gràsmhor so, a dheanamh, a thaobh a chinne dhaonna?*

F. A ghràdh; oir is ann mar sin a ghràdh-aich Dia an saoghal, gu'n d' thug e aon-ghin

<sup>a</sup> Rom. v. 12.

<sup>b</sup> Isa. liii. 6.

<sup>c</sup> Salm. cxxx. 3. Salm. cxlii. 2. Rom. v. 6.

<sup>d</sup> 2 Cor. v. 19, 20.

Mhic fein, chum 's ge b' e neach a chreideas ann, nach sgriosar e ; ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige. Eoin. iii. 16.<sup>a</sup>

14. C. *Am bheil slighe slàinnte sam bith eile ann, ach trid Iosa Criosda ?*

F. Cha'n 'eil slàinnteann an aon neach air bith eile; oir cha'n 'eil ainm air bith eile fuidh neamh, air a thoirt a measg dhaoine, tre'm feud sinn bhi air ar slànachadh. Gniomh. iv. 12.<sup>b</sup>

15. C. *Ciod a rinn Criosd, a chum 's gu'm feud sinn dol as, o'n mhallaichd, a chuir Dia, an ceilidh an aghaidh peacaidh ?*

F. Shaor Criosda sinne o mhallaichd an lagha, air dha bhi air a òheanamh' na mhallaichd air ar son ; oir a ta e sgrìobhta, Is malluichte gach aon a chrochar air crann. Gal. iii. 13.<sup>c</sup>

16. C. *Innis gu h-aithghearr, ciod a rinn Criosd a chum ar slàinnte chriochnachadh ?*

F. Chuir se e féin ann an dìmeas, a' gabhail air féin dreach seirbhisich, air a dhicanamh ann an coslas dhaoine : Agus air dha bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh' irioslaich se e féin, agus bha e umhal gu bàs, eadhon, bàs a' chroinn-cheusaidh. Phil. ii. 7. 8. Dh' amhlaiceadh e, agus dh' éirich e rìs air an treas latha, a réir nan sgríobtair. 1 Cor. xv. 4. Chaidh e steach do nèamh féin, chum a nis, e féin a' nochdadh ann am fianuis Dé air ar soin-ne. Eabh. ix. 24.<sup>d</sup>

<sup>a</sup> 1 Eoin. iii. 16. agus iv. 9. <sup>b</sup> Eoin. xiv. 6. 1 Tim. ii. 5.

<sup>c</sup> 2 Cor. v. 21. 1 Pead. ii. 24. <sup>d</sup> Is. liii. uile. Giomh. x. 58 gus 43. 1 Tim. iii. 16. Eabh. i. 1, 2, 5.

17. C. *An taisbein Criost e féin a rìs?*

F. Taisbeinidh : thuirt na h-aingle ris na deiscioblaibh, aig àm a dhol suas : An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuiil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh. Gniomh. i. 11.<sup>a</sup>

18. C. *Co air son a thig an Tighearn an dara h-uair?*

F. An uair a thig<sup>\*</sup> Mac an duine 'n a ghlòir, agus na h-aingil naomha uile maille ris, an sin suidhidh e air caithir rioghail a ghlòire. Agus crunnichear 'n a làthair na h-uile chinnich : agus sgaraidh e iad o chéile, amhuiil a sgaras buachaillle na caoraich o na gabhraibh : Agus curaigh e na caoraich air a laimh dheis, ach na gabhair air a laimh chlì. Agus imichidh iad-san a chum peanais shiorruidh : acn na fìreana chum na bêatha maireannaich. Mat. xxv. 31, 32, 33, 46.

19. C. *Nach 'eil pobull Chriost a chionn na rinn e, agus na tha e a' deanamh, gu cinnteach air an saoradh o bhàs?*

F. Thà : Anns a' cheud àite, O bhàs aim-seiril mar mhallaichd. Is e am peacadh gath a' bhàis ; agus is e neart a' pheacaidh an lagh. Ach buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buadha trìd ar Tighearna Iosa Criosta. O a bhàis c'ait am bheil do ghath ? O uaigh c'ait am bheil do bhuaidh. 1 Cor. xv. 56, 57, 55.<sup>b</sup>

Anns an dara h-àite, O bhàs spioradail. Dia a ta saibhir ann an tròcair, eadhon, air

<sup>a</sup> Eabh. ix. 28.

<sup>b</sup> Eabh. ii. 14, 15.

dhuinn a bhí marbh ann am peacaibh, chomh-bheothaich e sinn maille ri Criod. Eph. ii. 4, 5.<sup>a</sup>

Anns an treas àite, O bhàs siorruidh. An tì a bheir buaidh, cha chiùrrar leis an dara bàs e. Taibh. ii. 11.<sup>b</sup>

20. C. *Ainmich cuid dheth na beannachdan cinnteach, a ta pobull Chriod a' faghail trid-san?*

F. Beatha shiorruidh, Rom. vi. 23.<sup>c</sup> Maith-eanas peacaidh, Col. i. 14.<sup>d</sup> Uchd-mhacachadh na cloinne, Gal. iv. 5.<sup>e</sup> Ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh; a dhòirt e òirnne gu saibhir, trid Iosa ar Slànuighir, Tit. iii. 5, 6.<sup>f</sup>

21. C. *Ciod an teisteanas, a thug an Tigh-earna d' a dheiscioblaibh, air dreuchd, agus air obair an Spioraid Naoimh?*

F. Agus an uair a thig esan, bheir e dearbhi-shoillearrachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas. Treòraichidh e sibh a chum gach uile fhìrinn. Bheir esan glòir dhomhsa; oir gheibh e do'm chuid-se agus nochdaidh e dhuibhs' e. Eoin. xvi. 8, 13, 14.<sup>g</sup>

22. C. *An urrainn neach a bhí air a theàrnadh, mur bi e air ath-nuadhachadh leis an Spiorad Naomh?*

F. Mur bi duine air a bhreith o uisge, agus

<sup>a</sup> Luc. i. 79. Eph. ii. 1.

<sup>b</sup> Taibh. xx. 6.

<sup>c</sup> Eoin. x. 27, 28.

<sup>d</sup> Col. ii. 13, an earrann ma dheireadhi. <sup>e</sup> Rom. viii. 15, gus 17. <sup>f</sup> Eoin. xiv. 16, 17. Eph. iv. 23, 24.

<sup>g</sup> Eoin. xiv. 26, agus xv. 26.

o 'n Spiorad, cha'n urrainn e dol a steach do rìoghachd Dhé. Eoin. iii. 5.<sup>a</sup>

23. C. *Ciod na meadhonan, leis am bheil sinn air ar deunamh, 'n ar luchd comh-pàirt, de na beannachdan, a choisinn obair mhòr an t-Slànughir?*

F. Tre *chreideamh* tha beatha againn trèid ainme-san. Eòin xx. 31. Oir is ann le gràs a ta sibh air bhur slànachadh, tre chreideamh. Eph. ii. 8.<sup>b</sup>

24. C. *Air an aobhor sin, nach ann tre chreideamh ann an Iosa Criod a mhàin, tha duine air fhìreanachadh; agus ni h-ann le fhìreantachd féin?*

F. Cha'n 'eil duine air fhìreanachadh o oibrabh an lagha; ach tre chreidimh Iosa Criosda. Gal. ii. 15, 16.<sup>c</sup>

25. C. *Ciod e ma ta fior chreideamh, g' thoirt fainear, a thaobh a thoraidh?*

F. Creideamh, a dh'oibrìcheas tre ghràdh. Gal. v. 6.<sup>d</sup>

26. C. *Nach 'eil oibrabh matha ma ta'n am stans, a tha comh-cheangailte ri fior chreideamh?*

F. Thà ; Creideamh, mur a bi oibrabh aige, tha e marbh, air dhà bhi leis féin. Seum. ii. 17.<sup>e</sup>

27. C. *Nach 'eil sinn air dhòigh eagallaich 'g ar mealladh féin; air bhi dhuinn a bhi 'g aid-*

<sup>a</sup> Rom. viii. ix. 9, an earrann ma dheireadh.

<sup>b</sup> Gniomh. xvi. 31. Gal. iii. 26.

<sup>c</sup> Rom. iii. 20. Eph. ii. 8. 9.

<sup>d</sup> 1 Eoin. v. 5.

<sup>e</sup> Seum. ii. 14.

*eachadh creideamh, ann an Iosa Criosa; ma tha sinn le'r toil, a ghnàth, a' bristeadh àitheanta-san?*

F. Ma their sinn gu bheil comunn againn ris, agus sinn a' gluasad ann an dorachadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus cha'n eil sinn a' deanamh na firinn. 1 Eoin. i. 6.<sup>a</sup>

28. C. *Cia mar tha creideamh, air a gineamhuinn anns an anam?*

F. Is e tiodhlac Dhé e. Eph. ii. 8.<sup>b</sup>

29. C. *Ciod iad na meadhonan follaiseach, leis am bheil Dia d' gineamhuinn creidimh anns an anam?*

F. Is ann o éisdeachd a thig creideamh, agus éisdeachd tre fhocal Dé. Rom. x. 17.<sup>c</sup>

30. C. *Nach eil teagastg slàinnte, trìd Iosa Criosd, airidh, a bhi air a chreidsinn, agus air gabhail ris leis na h-uile?*

F. Thà gu deimhin; Is fior an ràdh so, agus is fiù e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach. 1 Tim. i. 15.<sup>d</sup>

31. C. *Agus nach 'eil an cunnart is uamhas-ache, 'n a chur suarach, agus 'n a dhìultadh?*

F. Thà gu deimhin; Oir ma bha am focal a labhradh le h-ainglibh seasmhach, agus gu'n d'fhuair gach uile bhristeadh agus easùmhlaichd diol-thuarasdal dligheach; cionnas a théid sinne as, ma ni sinn dìmeas air slàinnte co'mor. Eabh. ii. 2, 3.<sup>e</sup>

<sup>a</sup> Seuin. i. 22.      <sup>b</sup> Col. ii. 12. an earrann mheadhon.

<sup>c</sup> Rom. x. 14. an earran mheadhon.      <sup>d</sup> Gal. vi. 14.

<sup>e</sup> Gn-fhoc. viii. 35, 36.    Eabh. xii. 25.

32. C. *Ciod na beannachdan, a ta co-leanmh-winn, caithe-beatha dhiadhuidh?*

F. Tha'n diadhachd tarbhach a chum nan uile nithe, aig am bheil gealladhl na beatha ta làthair, agus a chum teachd. 1 Tim. iv. 8.<sup>a</sup>

33. C. *An d'fhàg Dia sinn aig ar neart fèin, gu dol air ar an aghaidh, ann an caithe-beatha dhiadhuidh?*

F. Cha d'fhàg; oir a deir c'ris na h-uile creidmheach, Is leòir mo ghràs-sa dhuit: oir a ta mo chumhachd air a dhéanamh foirfe ann an anmhuiinneachd. 2 Cor. xii. 9.<sup>b</sup>

34. C. *Ciod a chuir an Tighearna an céill, a tha deanamh cinnteach; gach neach a thòisich-eas, ri caithe-beatha na diadhachd, no, a thig' a ionnsuidh, ann an creideamh, gu'n gabh e ris?*

F. An ti a thig a m'ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e. Eoin. vi. 37.<sup>c</sup>

35. C. *Nach'eil clann bheag, air mhodh shònruichte, air an cuireadh a dh'ionnsuidh Chriosd?*

F. Thà; Thubhairt Iosa Fulaingibh do na leanabaibh, agus na bacaibh dhoibh teachd a m'ionnsuidh; oir is ann da'n leithidibh sin a ta rioghachd nèimhe. Mat. xix. 14.<sup>d</sup>

36. C. *Ciod an gealladh a thug Dia dhoibh-san a dh'iarras, ann an laithibh an òige, aithne a ghabhail air, agus a ni dìchloil, gu a ghràdhachadh, gu'n gabhar riutha?*

<sup>a</sup> Gn-fhoc. iii. 13 agus 18. <sup>b</sup> Is. xli. 10. Phil. iv. 13.

<sup>c</sup> Mat. xi. 28.

<sup>d</sup> Salm. xxxiv. 11.

F. Iadsan aig am bheil gràdh dhomh gràdh-aichidh mi, agus iadsan a dh'íarras mi gu moch gheibh iad mi. Gn-fhoc. viii. 17.<sup>a</sup>

37. C. *Ciod a' chomhairle, tha Solamh a' toirt do mhuinntir òig, a thaobh diadhachd; agus ciod an t-aobhar air son am bheil e'ga sparadh?*

F. Cuimhnich a nis do Chruith-fhear ann an làithibh t-òlge, mu'n d'thig na droch làithean, agus an druid na bliadhnacha riut, anns an abair thu, Cha'n 'eil tlachd agam annta. An sin pillidh an duslach a chum na falmhuinn mar a bhà'e; agus pillidh an spiorad a chum Dhé, a thug uaidh e. Ecl. xii. 1, 7.<sup>b</sup>

38. C. *Nach 'eil am bàs, a' gearradh air falbh na h-òige, agus iadsan a th'ann an tréin an neairt, cho math riusan a ta aosmhòr agus lag?*

F. Tha 'm bàs air teachd an àirde gus ar n-uinneagan, air teachd a steach gus ar lùchairdean; thainig e a ghearradh sios, araon, an nabidheachain anns a' mhachair, agus nan òg-anach anns na sràidibh. Ier. ix. 21.<sup>c</sup>

39. C. *Am bheil fhios agad c'uin a bhàs-aicheas tu?*

F. Cha'n 'eil fios agam air latha mo bhàis. Gen. xxvii. 2.<sup>d</sup>

40. C. *Ciod a thachaireas an déigh a' bhàis?*

F. Am breitheanas. Eabh. ix. 27.<sup>e</sup>

41. C. *Nach bi e air iarruidh oirnn, aig a'*

<sup>a</sup> 1 Eachd. xxviii. 9.

<sup>b</sup> Gn-fhoc. iii. 1, 5, 6.

<sup>c</sup> 2 Sam. xii. 18, a cheud earrann, Mark. v. 22, 25, agus 35.

<sup>d</sup> Gn-fhoc. xxvii. 1.

Mat. xxv. 15.

<sup>e</sup> 2 Cor. v. 10.

*bhreitheanas, cunntas a thoirt, cadhon, air son ar smaointean a 's diomhaire?*

F. Bheir Dia gach obair a chum breitheanais, maille ris gach nì diomhair, ma's a maith, no ma's a h-olc e. Ecl. xii. 14.<sup>a</sup>

42. C. *Ciod ma ta, an t-aideachadh bu choir dhuit a nis, a dheanamh do Dhia e fein?*

F. M'athair, bu túsa fear stiùraidh m'dige. Ier. iii. 4. Na leig dhomh dol air seacharan o t'aithcantaibh. Salm. cxix. 10.<sup>b</sup>

43. C. *Ciod tha Dia ag agradh o na h-uile h-aon dhiobh?*

F. A mhic, thoir dhomhsa do chridhe. Gn-fhoc. xxiii. 26.<sup>c</sup>

44. C. *Ciod an àithne thug Dia, a thaobh ur giùlain do 'r párontaibh?*

F. A chlann bithibh ùmhail da'r párontaibh féin 'san Tighearna ; oir a ta 'so ceart. Thoir onair do t' athair agus do d' mhàthair, (is i so a' cheud àithne le gealladh,) a chum gu'n éirich gu math dhuit, agus gu'm bi thu fad-shaoghalach air an talamh. Eph. vi. 1, 2, 3.<sup>d</sup>

45. C. *Ciod an àithne thug Dia, a thaobh coimhead na Sàbaid naomha, agus thaobh orduidhean na diadhachd a choimhead?*

F. Gleidhibh mo Shàbaidean, agus bheir sibh urram do m' ionad naomha : Is mise an Tigh-carna. Lev. xix. 30.<sup>e</sup>

<sup>a</sup> Mat. xii. 36.

<sup>b</sup> Salm. cxlvii. 2.

<sup>c</sup> Mat. xxiii. 37.

<sup>d</sup> Exod. xx. 12. Col. iii. 20.

<sup>e</sup> Exod. xx. 8. gus 11. Eabh. x. 25.

46. C. *Ciod an aithne thug Dia, a thaobh seasamh ris an fhírin?*

F. Labhraibh, gach neach an fhírin r' a choimhearsnach. Sech. viii. 15. Bitheadh bille na firinn seasmhach gu bràth; ach cha bhi an teanga bbreugach ach car tiota. Gn-shoc. xii. 19.<sup>a</sup>

47. C. *Ciod an aithne thug an Tighearn, a thaobh leubhadh nan Sgriobtairean?*

F. Rannsaichibh na sgriobtairean, oir ta sibh a' sacailsinn gu bheil a bheatha mhaireanach agaibh annta-san, agus is iad sin a ta toirt fainuis a m' thimchioll-sa. Eoin. v. 39.<sup>b</sup>

48. C. *Ciod an aithne thug Dia dhùinn a thaobh dleasdanais na h-urnaigh?*

F. Buanaichibh ann an urnaigh, a' deanamh faire innte le breith-buidheachais. Col. iv. 2.<sup>c</sup>

49. C. *Ciod e sunn dleasdanais na diadhachd, a tha air a thabhairt anns an Tuinnadh Nuadh?*

F. "Air deanamh an uile dhùibh duibhse, cuiribh ra'r creidimh cruadal; agus ri cruadal, eòlas; agus ri eòlas, stuaimé; agus ri stuaimé, foighidinn; agus ri foighidinn, diadhachd; agus ri diadhachd, gràdh bràth-arail; agus ri gràdh bràth-arail, seirce. Oir ma bhitheas na nithe so annaibh, agus pailte; bheir iad oirbh gun bhi leisg, no mi-thorrachann an eòlas ar Tighearna Iosa Criosda."

2 Pead. i. 5, 6, 7, 8.<sup>d</sup>

<sup>a</sup> Exod. xx. 16. Salm. ii. 6.

<sup>b</sup> Gniomh. xvii. 11. 2 Tim. iii. 15. gus 17.

<sup>c</sup> Mat. vi. 6. Eph. vi. 18. 1 Tes. v. 17.

<sup>d</sup> Col. iii. 17.

50. C. *Gluinneamaid a nis, brigh na rchaith a n-áit.*

R. "Biodh eagán Dé ort, agus gléidh 'aith-eantán, oir is e se dleasdanás ionlán an duine." Ecl. xii. 13. "Comhraig deadh chòmhrag a' chreidimh, gabh gréim do'n bheatha mhaireanach," 1 Tim. vi. 12. "Agus na sgìthicheam-airt do mbaith a cheannadh; oir aon an am aonchuidh buainidh sinn, mar fannaich sinn." Gal. vi. 9.

"M' leanabh caoradh, tòisich a ñis aig-tois-char ceaphair; agus cumhachadh a' chonfiantas dh' anns air ùair a chum nan labh. ii. 4. "B' aic sm is coir dhùinn aa ro thunileadh aire umair do na nàdair a chruala sinne, air eagal uair sam bùn gu'n leigeamaid sunth teo."

CRIOCH.





X

